

NA DUILLEAGAN GÀIDHLIG

AIR AN CUR A-MACH AN LÙIB | LIFE AND WORK

2022 | 1 | AM MÀRT



Facal Toisich

Nuair a bha mi a' fàs suas ann an Sasann Nuadh, an ear-thuath nan Stàitean Aonaichte, b' e am foghar an ràith a b' fheàrr leam a-riamh. Tha bòidhchead thar tomhais ann an nàdar aig an àm sin dhen bhliadhna: na duilleagan a' caochladh an dath o ghorm gu ruadh agus àile fuar ùr a' geurachadh nam faireachdainnean.

Ach cha b' e siud an t-adhbhar gun robh mi a' meas na ràithe sin thar chàich. Dhòmhsa, bha an t-àm sin, on t-Sultain a-mach, daonnan làn thòiseachaidhean ùra. Bha an sgoil a' tòiseachadh an dèidh saor-làithean an t-samhraidh. Bha agus na sgiobannan spòrs mar bhall-coise agus ruith. Lean an ceangal faireachail sin rium nuair a thàinig mi a dh'Alba an toiseach anns an t-Sultain airson tòiseachadh aig an oilthigh – agus beatha ùr, 's dòcha gun canadh tu.

Bhon uair sin, tha mo dhàimh ris na ràithean air atharrachadh, gu h-àraidh on a thàinig mi a dh'fhuireach ann an Uibhist. Seadh, 's toil leam fhathast am foghar, nuair a shocraicheas ùpraid an t-samhraidh. Agus tha a bhòidhchead fhèin ann an ruadh nam beann, gu sònraichte aig àm èirigh na grèine.

Ach chan fhios nach e an t-earrach as fheàrr leam a-nise. Blàths na grèine a' tilleadh, solas an latha a' sìneadh agus nàdar a' dùsgadh. Tha a chuid fhèin de thòiseachaidhean ùra anns an earrach, tha fhios.

'S e sin a tha a' Chàisg a' comharrachadh dhuinn. Amhail mar a bhios an talamh ga ath-dhùsgadh tron earrach, dh'èirich losa a-rithist. Mar a tha sgrìobhte ann am 1 Peadar 1:3: "Guma beannaichte gu robh Dia agus Athair ar Tighearna losa Crìosd, neach a rèir a mhòr-thròcair a dh'ath-ghin sinne gu beò-dhòchas, tre aiseirigh losa Crìosd o na mairbh."

Tha sinn an dòchas gum bi Càisg shòlasach agaibh uile.

Gach uile bheannachd

Liam Alastair Crouse, Uibhist a Deas
Donnchadh Sneddon, Dùn Èideann

Dealbh



© Air a thogail le Emma Axelsson, 2021

Seo Eaglais Thogh' Mòir air ùr-sgeadachadh, agus nach ann aice a tha an deagh choltas! Ann an Iris na Dùbhlachd, 2019, bha sinn a-mach air an obair-càraidh a bha gus tòiseachadh air an eaglais eachraidheil seo: a' chiad eaglais Phròstanach ann an Uibhist a Deas, a thogadh ann an 1858, agus i am measg nan toglaichean a bu shine a tha ga chleachdadh an-diugh san eilean. Tha i a-nist air fosgladh às ùr agus seirbheisean gan cumail ann a-rithist.

Gàidhlig Shìmplidh

Ann an Fhacal-toisich, sgrìobh Liam mun Earrach, an ràith as fheàrr leis sa bhliadhna. Tha iomadh seanfhacal anns a' Ghàidhlig air an Earrach, agus seo am fear as fheàrr leam-sa: *Ceann nathrach is earball peucaig air an Earrach*. Tha sin a' ciallachadh gu bheil an ràith sin garbh, fuar, mì-chàilear aig an toiseach, ach aig an deireadh – can, sa Ghiblean, gu bheil i bòidheach, dàthail, tlachdmhor, dìreach mar a tha earball na peucaige. Lorgaidh tu an seanfhacal seo, agus càrn mòr eile, anns an leabhar Gaelic Proverbs leis an t-siorram Sgitheanach Alasdair MacNeacail (*Alexander Nicolson*). Is toil leam seanfhaclan gu mòr, oir bidh iad a' cur an cèill gliocais agus comhairle ann an dòigh ealanta, eirmseach – agus uaireannan èibhinn, cuideachd. Anns a' Bhìoball tha *Leabhar nan Gnàth-fhacail* againn (tha “gnàth-fhacal” agus “seanfhaclan” a' ciallachadh an aon rud). Tha an leabhar seo làn gliocais agus stiùiridh, agus chì sinn ann iomadh rud air luach a' ghliocais. Ma dh'fhaoidte gur e seo an gnàth-fhacal as ainmeil ann: *Is e eagal an Tighearna toiseach a' ghliocais; agus is e eòlas nithean naomha, tuigse* (Gnàth-fhacal 9: 10). Nuair a bha mi ag obair aig Oilthigh Obar Dheathain, chunnaic mi a' chiad phàirt dhen earrann seo gach latha os cionn geata an oilthighe, ach ann an Laideann: *Initium sapientiae timor domini*. Anns a' Ghàidhlig, ann an Laideann no ann an cànan sam bith eile 's e comhaile mhath a th' ann!

Beagan cuideachaidh

ràith (fem.) – season
nathrach – of a snake
peucaig (fem.) – peacock
can – say, for instance
a' cur an cèill – express
eirmseach – witty

Searmon beag

Leis an Urr. Ruairidh MacLeòid, Srath is Slèite

Isaiah 62. 1-5
Corintianaich 12. 1-11
Eòin 2. 1-11

Tro làithean fuara is dorcha a' gheamhraidh, tha e gnàthach a bhith a' faireachdainn duilich, gruamach,

no airtnealachd. Ach cuimhnichibh gun tig an samhradh, leis na làithean fada agus na h-oidhcheannan goirid. Mar an ceudna, ach aig ìre nas àirde no nas fharsainghe, bhiodh e gnàthach dhan fheadhainn a tha fo gheur-leamhainn aonranachd fhaireachdainn agus a bhith a' faireachdainn trèigte agus eu-dòchasach. Sna suidheachaidhean seo tha beagan neart a' tighinn bho lèirsinn nèimhidh agus geallaidhean air beatha shìorraidh.

Ge b' e an t-àite anns am bi sinn, tha aon fhacal ann aig a bheil cumhachd misneachd a thoirt dhuinn. 'S e sin “Emmanuel”. Tha an t-ainm seo a' ciallachadh “Dia còmhla rinn” agus 's e aon de na h-ainmean leis a bheil Ìosa air aithneachadh. Chan e smuain mhòr-mhiannach a tha seo a chionn 's gur ann stèidhichte air fois-inntinn an t-Slànaigheir fhèin a tha e, air a chlàradh aig deireadh Soisgeul Mhata, 28: 20: ... *tha mise còmhla ribh an-còmhnaidh, gu deireadh na linne*.

An e as ciall dha seo nach bi sinn eu-dòchasach, trèigte, aonaranach, no airtnealach, gruamach, duilich a-rithist no tuilleadh? Chan e gu dearbh. Gus an ruig sinn Nèamh no gus an tig an Tighearna air ais, cumaidh sinn a bhith nar cinne-daonna agus fo smachd ar cuid faireachdainnean. Ach cha bhi sinn nar n-aonar. Mar a sheinn an Rìgh Daibhidh, mile bliadhna mus tàinig Ìosa, ann Salm 23: 4:

*Seadh, fòs ged ghluaisinn eadhon trid
ghlinn dorcha sgàil' a' bhàis,
Aon olc no urchuid a theachd orm
chan eagal leam 's cha chàs...*

Gu cinnteach bheir an earrainn sin agus feadhainn coltach rithe dòchas agus misneachd do dhaoine aig a bheil creideamh. Ach dè mu dheidhinn càch, aig nach eil? Ciamar is càit am faod feadhainn nach eil aithnichte le Dia – gun aire air làithearachd Slànaigheir aig a bheil gaol orra, gun dòchas airson àm ri teachd mhaireannach agus gun fhreumh ceartais – dòchas fhaighinn?

Bha mi a' meòrachadh mun a' sin nuair a lorg mi dà ghoireas a tha feumail, saor is furasta rin cleachadh. Tha mi a' toirt iomradh air na buidheannan ‘Trypraying’ agus ‘Good News for Everyone!’ (air an robh ‘Gideons UK’ roimhe). Tha iad an dà chuid a' solarachadh ghoireasan tarraingeach pragtaigeach “do dhaoine nach eil cràbhach agus nach tèid dhan Eaglais” (mas urrainn dhomh earrann bho aon dhiubh fhaighinn air iasad!). Rinn ‘Trypraying’ leabhraichean bheaga a bheir stiùireadh do dhaoine nach eil cleachdte ri bhith ag ùrnaigh, ann an dòigh shìmplidh agus gun “jargon”. Thairis air na bliadhnaichean o chionn ghòirid tha ‘Good News for Everyone’ air a bhith a' cur Bhioball no phiosan Sgrìobtair ann an àitichean poblach, mar sgoiltean no seòmraichean taighean-òsta.

Tha mi den bheachd gu robh na daoine a rinn na goireasan seo, agus na buidhnean a tha air an cùlaibh,

ag obair fo bhrosnachadh an Spioraid Naoimh nuair a rinn iad iad. Mar sin 's e gibht bho Dhia fhèin a th' annta. Aig an aon àm, chan eil iad riatanach. Tha e comasach do gach Crìosdaidh, a tha air a ghairm le Dia agus air a lìonadh leis an Spiorad, a dhol a-mach air feadh na coimhearsneachd agus an t-saoghail gu lèir gus dèanamh na theagaisg an t-abstol Peadar sa chiad litir aige, 3: 15: *(gu bhith) an-còmhnaidh deiseil airson freagairt a thoirt dhan a h-uile neach a dh'iarraas cunntas oirbh mun dòchas a th' annaibh...*

Tro na leughaidhean às a' Bhioball an t-seachdain seo, chì sinn dà rud. Tha cumhachd agus miann aig Ìosa droch shuidheachaidhean a thionndadh gu math. Agus tha e ag obair fhathast, tron Eaglais, ris a bheil an aon Spiorad a' cumail air a' toirt ghibhtean, gus an urrainn dhì mìorbhailean a dhèanamh a chùim glòir Dhè agus an Eaglais fhèin a thogail suas. Tha gaol aig Ìosa air an Eaglais gu lèir, a bharrachd air gach neach a tha innte. Nach e sin an t-adhbhar a tha e a' toirt iomradh oirre mar a' bhean-bainnse? Agus cò am fear-bainnse nach iarradh an rud as fheàrr airson a bhean-bainnse? Ge b' e dè an dùbhlán a tha air ar beulaibh, is urrainn dhuinn misneachd a bhith againn nach leig Ìosa leotha dragh no cron maireannach a dhèanamh oirnn. Mar a tha an t-abstol Pòl a' cur nar cuimhne san litir a chùim nan Ròmanach 8: 38: *... nach bi bàs no beatha, no ainglean no riaghladairean, no rudan a tha an làthair no rudan a tha ri thighinn, no cumhachdan, no àirde, no doimhne, no dad cruthaichte sam bith eile, an comas air ar sgaradh o ghaol Dhè an th' ann an Crìosd Ìosa ar Tighearna.*

Naidheachdan

Duanaire ùr aig Dòmhnall E. Meek

Tha Dòmhnall E. Meek air duanaire ùr fhoillseachadh, anns a bheil òrain spioradail cho math ri òrain air caochladh cuspairean. Cha deach fhoillseachadh aig àm sgrìobhadh Na Duilleagan Gàidhlig, gu mì-fhortanach, ach tha sinn an dùil lèirmheas a dhèanamh air anns an ath iris againn. 'S e Eadar Ceòl is Coròna an tiotal a tha air agus, chaidh fhoillseachadh le CLÀR. Tha e ri fhaotainn o Chomharle nan Leabhraichean airson £11.50. Anns a' chruinneachadh as ùire aige, tha Dòmhnall a' feuchainn ri cothromachadh a dhèanamh eadar sunnd is aighear ar beatha 'nàdarra', agus am bròn agus a' mhì-chinnt a tha gar cuartachadh san latha a th' ann. Tha iomadh duanag èibhinn anns an leabhar, 's cuid dhiubh a' toirt sad air luchd-poileataigs àrdanach. Ach tha cuid eile de na dàin nach eil idir cho èibhinn, 's a tha a' bualadh air

cor truagh nam fògarrach 's air na h-uamhasan a tha cho follaiseach air feadh an t-saoghail (ann an Lebanon, mar eisimpleir). Tha Dòmhnall a' beachdachadh air buaidh a' Choròna-bhìoras air ar beatha on a thàinig e, anns na h-eileanan agus air tìr-mòr, ach tha e a' cleachdadh a' Choròna-bhìoras mar ìomhaigh as fharsaing. Tha sinn daonnan beò le còmhstri is duilghideas de sheòrsa air choreigin, agus feumaidh sinn co-chòrdadh a dhèanamh eadar aoibhneas is mulad. Mar sin, gheibhear iomadh gleus is cuspair san leabhar seo, eadar fealla-dhà is aoir is moladh is marbhrann, ach tha bunait làidir dòchais aig cridhe a' chruinneachaidh gu lèir.

Eaglais Ghàidhlig Chalum Chille, Glaschu

Tha coitheanal Eaglais Ghàidhlig Chalum Chille ann an Glaschu a' beachdachadh air an dòigh as fheàrr air adhart, agus iad a-nis as aonais togalach aca fhèin. Anns an eadar-àm, bidh iad a' coinneachadh ann an Eaglais Blawarthill air Millbrix Avenue.

Eaglais Thogh' Mòir, Uibhist a Deas

Mar a chìthear anns an Dealbh shuas, tha obair-chàraidh air Eaglais Thogh' Mòir ullamh. Buinidh Eaglais Thogh' ris an 19mh linn, agus tha i faisg air làrach na h-eaglaise cliùitich a bha na stèidh don chreideamh Chrìostail agus do dh'fhoghlam anns na h-Eileanan tro na meadhan-aoisean. Am measg na chaidh ùrachadh ri linn na h-obrach-càraidh tha cidsin is goireasan eile mar taigh-beag agus àite do chatraichean-chuibhle. Tha dùil gun tèid taisbeanadh a chur a-steach fhathast air eachdraidh is dualchas Chrìostail an àite. Chaidh an taobh a-muigh agus an taobh a-staigh a nuadhachadh agus a dhaingneachadh gus an eaglais a dhèanamh dìonach a-rithist. Bu thoil le coitheanal Uibhist a Deas buidheachas a thoirt don luchd-togail ionadail, an luchd-maoineachaidh, a' gabhail a-steach coitheanal Caitligeach Eaglais Naoimh Moire agus Eaglais Àird Choinnich anns an eilean a thug le chèile £10,000 mu choinneamh na h-obrach, agus gach duine eile a bha an sàs ann an cur air adhart a' phròiseict seo. Tha adhradh gach dàrnacha seachdain air tòiseachadh innte a-rithist.

Buidhnean-leughaidh

Bidh Donnchadh Sneddon a' ruith dà bhuidheann-leughaidh air Zoom, a' dol tron eadar-theangachadh ùr dhen Tiomnaidh Nuaidh. Tha buidheann ann gach Dimàirt (6f), tro mheadhan na Beurla, do luchd-toiseachaidh, agus buidheann eile gach Diardaoin (6f), tro mheadhan na Gàidhlig, airson na feadhna aig a bheil a' Ghàidhlig ach a tha ag iarraidh beagan a bharrachd de mhinseachd ann an leughadh agus ann an "Gàidhlig na h-Eaglais". Ma bhios ùidh agaibh ann, sgrìobhaibh do sneddon.duncan@gmail.com.

AM FEAR-DEASACHAIDH

Ma tha sibh airson naidheachdan no beachdan a chur dhan Sgioba Deasachaidh, faodar post-d a chur gu sneddon.duncan@gmail.com.

Bàrdachd

Stairsnich na Bliadhna Ùire

Leis an Urr. Ruairidh MacLeòid

Aig stairsnich na bliadhn' ùire

càit an tèid sinn?

Nach cuir Ìosa an cèill: Is mise an doras...

Nuair a tha a h-uile càil dorch

ciamar a chì sinn?

Nach tuit Ìosa: Is mise solas an t-saoghail...

Gun cheannas no eisimpleir

dè an t-slighe a ghabhas sinn?

Nach ciùinich Ìosa: Is mise am buachaille math...

Tha gach duine a' sireadh ciall

ach cò às a thig i?

Nach tairg Ìosa: Is mise aran na beatha...

Bheir gach latha iomradh air bàis,

càit a bheil dòchas?

Nach èigh Ìosa: Is mise an aiseirigh agus a'

bheatha...

A bheil cuid air astar bho dhachaigh

às aonais freumhan?

Nach sìn Ìosa a-mach: Is mise am fionan fìor...

Aig stairsnich na bliadhn' ùire

carson a tha eagal oirnn?

Nach geall Ìosa: Is mise an t-slighe, an fhìrinn

agus a' bheatha...

Adhbhar gàire

Latha bha seo, dh'fhalbh ministear a chèilidh air seann chailleach a bha a' fuireach ann an taigh leatha fhèin. Bha e air aithris sa bhaile gum bu shuarach cho math 's a bha i gu bhith a' cumail an taighe aice glan sgiobalta. Mar a dh'aithris b' fhòr. Co-dhiù bha deagh fhios aig a' mhinistear mar an aoigh gum feumadh e tì a ghabhail bhuaipe uair no uaireigin, agus thàinig sin ann an cupa a bh' air a ruadhadh le iomadh srùbag roimhe – am fear mu dheireadh anns an taigh bha e coltach. Thog e an cupa gu h-earailteach na làimhe clì, gus balgam a ghabhail bhon taobh a bu ghile dhen chupa, agus thuit a' chailleach gu h-ait, "Ò tha mi a' faicinn gum bi thu a' togail do chupa anns an dearbh làimhe 's a nì mise."

Ùrnaigh

Ìosa ar Tighearna,

Chaidh do làmhan a tholladh air a' chrann-cheusaidh air sgàth do ghràidh do-labhairt airson do chreutairean.

Deònaich gun cuimhnicheamaid air do làmhan leònta, agus thoir misneachadh dhuinn tron fhios gu bheil na h-aon làmhan sin gar cuartachadh, gar dìonadh,

a' glèidheadh an t-saoghail agus do chreutairean gu lèir.

Glèidh sinn a Thighearna, tha sinn a' guidhe ort, nad làmhan caomha, neartmhor.

Amen.